Coimisean na Coilltearachd Alba
Forestry Commission Scotland

# Iùl beag air craobhan choilltean Is mar a chleachdas iad



Iùl beag le dealbhan airson aithneachadh cuid dhe na craobhan sna coilltean

## Dè feum a th' againn air craobhan?

**Tha coilltean is fearann-coillteach Bhreatainn nan goireasan luachmhor, nàdarra, ath-nuadhachail bhon a tha sinn a' tarraing fiodha airson cleachdach ann am beatha làitheil dhaoine.**

Is e stuth nàdarra, gun samhail a th' ann am fiodh. Tha e buileach ath-nuadhachail agus gabhaidh a h-uile pàirt de chraobh a chur gu feum,

Gabhaidh plangannan is puist a dhèanamh de stoc craoibhe is e air a shàbhadh; no faodaidh am fiodha a sgealbadh, ghlaodhadh is theannadh airson diofar seòrsa bhòrd a dhèanamh dheth, no eadhon phronnadh airson pàipear a dhèanamh.

Tha freumhan, rùsg is geugan nan craobh gan cur gu feum ann an iomadh dòigh, bho chonnadh gu leigheasan, bho shliseagan raointean-cluiche gu mathas airson flùraichean. Ged a tha sinn a' cleachdach choilltean airson fiodha fhaighinn asta, tha sinn a' faighinn mòran a bharrachd na fiodha bhuapa. Tha saoghal toinnte, nàdarra nan coilltean a beathachadh agus a' toirt dachaigh do iomadh seòrsa lus is bheathach. Tha seo mar an ceudna a' toirt dhuinne sàr ghoireas oideachais is e na àite air leth son tadhail air agus airson ùine a chur seachad. Tha na nithean seo uile a' dol còmhla agus a' dèanamh taisbeanadh is mìneachadh dhuinne air cruth-tìre na dùthcha.

Tha craobhan cuideachd a' cumail slàinte ris an t-saoghal agus iad a' toirt carbon dà-ogsaid às an àile agus a' cruthachadh ogsaidean. Is e seo an adhbhar is gun canar sgamhanan an t-saoghail ri coilltean.

**Feuch is smaoinich air saoghal gun chraobhan.**

Chan e fiodha a-mhàin a gheibh sinn bho chraobhan, mar a chìthear san liosta seo:

- Bùird
- Bàtaichean
- Leabhraichean
- Bobhlaichean
- Sguaban
- Togalaichean
- Cartanan
- Sliseagan
- Clogaisean
- Aodach
- Cofaidh
- Cisteachan
- Corc
- Sgeadachaidhean
- Feansaichean
- Connadh
- Measan
- Àirneis
- Bileagan
- Leigheasan
- Todhar
- Innealan-ciùil
- Cnòthan
- Pàipear
- Cnagan
- Dealbhan-camara
- Puist
- Teàrr-anart
- Rubair
- Spàinean
- Uidheamachd spòrs
- Stampaichean
- Teatha
- Suidheachaidhean toidhleit
- Buill-acfhainn
- Dèideagan
- Pàipear còmhdaich

Cò iad an fheadhainn a bhios tusa a' cleachdach? Dè eile a chuireadh tusa air an liosta?

## Uinnseann

### *Fraxinus excelsior*

**Agus i na craoibh sa bheil buadhan fàidheanta, is leigheasail; tha an t-uinnseann gnèitheach do Bhreatainn agus ri lorg fad is farsaing le fiodha air a chleachdach mar seòrsa de 'shock absorber' nàdarra.**

Dh'fheumadh buille gu math trom a thoirt air pìos uinnseinn mas bhris e, ga fhàgail air leth freagarrach mar chasan/làmhan air a leithid tuaghan is spaidean, agus mar fhiodha ràimhean, ùrlaran, chaman is racaidean spòrs.



Airson cuid de shuidheachaidhean, 's e fiodha hicoraidh à Ameireagaidh a thathas a-nis a' cleachdadh, agus e nas duilghe briseadh eadhon na uinnseann.

Dheigheadh uinnseann a chleachdach an sgithean, coidsichean, cairtean is acfhainn tuathanais. Bhithte uaireigin a' saoilsinn gun robh buadhan leigheasail ann agus gun dèanadh losgadh an fhiodha, agus e na fhiodh-connaidh air leth, fuadachadh air droch spioradan. Ann an dualchas nan Lochlannach b' i craobh mhòr, chumhachdach an uinnseinn, craobh-beatha nan daoine.

Tha an sìol sgiathach, ris an canar 'iuchraichean' a' fàs ann an dòrlaichean.

Tha rùsg na craoibhe mìn is rèidh le dath liath-uaine air a tha a' dol liath is sgoltach leis an aois.

'S ann bho na gucagan sònraichte, dubh a lorgas air sa gheamhradh a tha na gasan na h-ath-bhliadhna a' tighinn cho math ri dòrlaichean dùmhail de shìtheanan beaga, purpaidh.

Lorgas air coimeasgadh dhuilleagan ann am paidhrichean. Faodaidh na craobhan àrda air a bheil cuach-mhullaich fàs gu 40 m





**Raon nàdarra na craoibhe:** An Roinn Eòrpa, Afraga is taobh siar Àisia

## Beithe

### *Fagus sylvatica*

**Craobh a lorgas gu mòr air talamh ìosal cailceach, agus tè a dh'fhàsas gu math an ùir thana talmhainn eile.**

Craobh ris an canar uaireigin 'Ban-uasal nan coilltean', tha a' chraobh àlainn seo le coltas air leth boidheach oirre am measg choilltean bèithe tòin Shasainn. Thugadh dhan dùthaich an toiseach i rè Linn an Umha.



Tha sgàilean mòr na craoibhe a' leigeil gle bheag de sholas troimhe, le glè bheag a fàs fodhpa air ùrlaran choilltean.

Tha am fiodha furasta obrachadh leis, a' fàgail an fhiodha seo de ghràinean tana gun snaidhm air leth freagarrach son àirneis, gu h-àraidh cathraichean fiodha. Bhithte cuideachd a' cleachdadh an fhiodha seo ann an tòin raidhfilean, làmhan bhruiseachan agus sàilean bhrògan.

Tha na duilleagan, as t-fhoghar, a' dol buidhe mas tig dath umha orra.

Tha an cochall a' sgàineadh le dà shìol, no chnò triantanach, gan leigeil bhuaithe.

Rùsg mìn, liath.

Tha duilleach mòr, tiugh le mòran gheugan air, agus e air aois a ruighinn. Tha e cuideachd a' fàs gu 40 m de dh'àirde.





**Raon nàdarra:** An Roinn Eòrpa, ach a-mhàin an Lochlann

## Beithe gheal

### *Betula pendula*

**A dh'aindheoin a' choltais ghrinn oirre, 's i tè dhe na craobhan as tapaidh ann am Breatainn.**

'S i craobh a tha a' sgapadh sìol fad is farsaing, agus is urrainn dhi fàs as ùra air talamh bàn, fosgailte. Lorgas air feadh Bhreatainn i; ann an ùir, thioram aotrom, agus i cudromach an glèidhteachas.



'S e fiodh cruaidh a th' ann am fiodh mìn, geal na craoibhe seo; fiodha a tha ga chur gu feum an fiodh-fillte, cùl bhruiseachan, dèideagan is ruidhlean. Tha e ga chleachdach, aig ìre nas lugha, le bhith a' gearradh nan geugan a dhèanamh sguaban agus cnapan-starradh dha eich. Bhithte uaireigin a' faicinn bhuadhan coisrigte sa bheith ghil, agus ga chleachdach airson glanadh dhaoine le droch sprioradan annta.

Duilleagan triantanach a tha a' dol buidhe mas tuit iad.

Tha rùsg liath-ghlas, pàipearach àird ìre na craoibhe a' falbh far na craoibhe.

Tha na cluigein, as t-fhoghar, a' bristeadh agus a' dol nan lannan is sìol beag, iteagach.

Mar as trice le 15m de dh'àirde innte agus geugan a' cromadh sìos





**Raon nàdarra:** Ceann a Tuath na h-Eòrpa

## Geanais

### *Prunus avium*

**Craobh ghnèitheach, sheargach a tha luath air fàs agus i ri lorg an coilltean beithe is coilltean measgte air feadh Bhreatainn.**

Thathas a' cur bun nan craobhan gu feum airson fàs ghnèithean air am faighear an toradh as motha de mheasan. Tha am fiodha pinc-dhonn ga chleachdach an àirneis grinn, innealan ciùil, mar sgeadachadh, ann am pìoban-tombac, le luach mòr air airson a leithid bobhlaichean.



Tha fàileadh almoin air na flùraichean, a tha a' nochdadh uaireannan mas fhaicear na duilleagan. Chan eil na measan a' maireachdainn fada sam bith agus na h-eòin gan ithe agus a' leigeil, no a' sluigeadh, an t-sìl.

Flùraichean geala, cùbhraidh le siristean beaga, uaine a' tighinn anns an dèidh, a tha a' fàs dearg agus an uairsin purpaidh agus iad abaich.

Rùsg mìn purpaidh-dhonn air a bheil gleans meatailteach agus bannan còmhnard.

Tha a' chraobh a' fàs suas gu 24m leis na geugan ìosal a' sgaoileadh a-mach leis an fheadhainn eile a' dol a-nìos.





**Raon nàdarra:** An Roinn Eòrpa, Afraga a Tuath agus Afraga an Iar

## Craobh Geanmchno

### *Castanea sativa*

**B' iad na Ròmanaich a thug a' chraobh seo a-steach a Bhreatainn an toiseach airson na cnòthan a bhleith is 'polenta' a dhèanamh - biadh a bhiodh tric aig saighdearan Ròmanach.**

Is e biadh math, fallain is blasta a th' anns na cnòthan agus iad air an ròstadh, ach thathas a' toirt an cuid as motha aca a-steach a Bhreatainn oir cha dèan iad abachadh ceart an aimsir fuar na dùthcha seo.



Tha fiodha uaine-dhonn na craoibhe gu math làidir agus tha e freagairt air saorsainneachd agus a leithid preasan, cistichean is feansaichean. Bhithte cuideachd ga chur uaireigin an tuill-ghuail. Dheigheadh a cur fad is farsaing air feadh taobh sear tòin Shasainn mar phòilichean do lùs an leanna, agus a' dèanamh preasarlach air airson cur ann am feansaichean.

Tha na cochaill a' sgàineadh agus a' leigeil suas gu trì cnòthan as t-fhoghar

Gheibhear cluigein fhireannta is bhoireannta uaireannan air na h-aon ghasan. Lorgas pàirt den chluigean fhireannta air a' chochall mas an tuit e.

Chìthear gàgan fada trastanach air rùsg na craoibhe

Tha a' chraobh a' fas nas leathainne leis an aois, agus iad a' fàs gu 40 m





**Raon nàdarra**: Dùthchannan a' Mhuir Mheadhan-thìrich agus air taobh siar Àisia



## Iùl beag air craobhan choilltean Is mar a chleachdas iad

Gheibhear san iùl bheag seo fiosrachadh air na diofar chraobhan a lorgas ann an coilltean is air fearann-coillteach ann am Breatainn. Innsidh e mar a dh'aithnichear diofar ghnèithean cumanta agus cho cudromach 's a tha iad ann am beatha-làitheil dhaoine.

Airson barrachd fiosrachaidh air coilltean is fearann-coillteach Choimisean na Coilltearachd a tha faisg ort, theirig chun nan làraichean-lìn gu h-ìosal, air neo cuir thugainn fòn.

BÒRD NA GÀIDHLIG

Airson fiosrachadh san fharsaingeachd air obair Choimisean na Coilltearachd, cuir thugainn fòn air 0845 FORESTS (0845 3673787) - fosgailte bho 8.30m gu 5.00f, Diluain-Dihaoine.

Coimisean na Coilltearachd Alba
Forestry Commission Scotland

Silvan House
231 Corstorphine Road
Edinburgh
EH12 7AT

www.forestry.gov.uk/scotland

ISBN: 978-0-85538-920-8

© Crown copyright

FCMS120/FC(JP)/ALDR-5K/JAN15

## Cruaidh no bog?

**Tha na briathran 'fiodha bog' is 'fiodha cruaidh' a' buntainn ris an diofar seòrsa chraobh bhon tàinig am fiodha, seach dè cho cruaidh no bog 's a tha e.**

**Thathas a' faighinn fiodha bog bho chraobhan durcaineach mar ghiuthas, giuthas Lochlannach no an learag.**

Aithneachar craobhan-durcain air na duilleagan dealganach is na cònaichean a gheibhear a' fàs orra. Thathas a' soirbheachadh leotha an aimsir fhuar leis na dealgan caol, leathair orra. Chan eil an cuid as motha aca seargach ach tha feadhainn aca, mar an learag, a tha a' call nan dealgan sa gheamhradh.



Pìos de stoc craoibh-durcain air am faicear structar de ghràinean fosgailte. Chan eil na craobhan-durcain uile le gràinean fosgailte ge-tà, m.e. iubhar

**Tha fiodh cruaidh a' tighinn bho chraobhan mòr-dhuilleagach mar an darach, uinnseann is beithe.**

Lorgas duilleagan mòra, farsaing mar as trice air craobhan mòr-dhuilleagach. Tha cuid as motha dhen fheadhainn a lorgas ann am Breatainn a' call an duilleagan sa gheamhradh ach am faigh na craobhan tro fhuachd a' gheamhraidh, ach fuirichidh na duilleagan air cuid a leithid an cuileann air a bheil còmhdach cèireach.

Pìos de stoc craoibh fiodha cruaidhe, air am faiceas an structar de ghràinean gu math teann. Chan e seo an structar air cuid de chraobhan mòr-dhuilleagach eile ge-ta, m.e. am podhlar.



## Calltainn

### *Corylus avellana*

**Tha calltainn na craoibh phreasarlaich air leth, leis is gum faodar ga gearradh air ais gu an talamh ach am faighear toradh de bhagaidean ghasan sùbailte, dìreach bhuaipe.**



Anns na seann aimsirean nuair a bha tuathanach ag iarraidh pìos fiodha,'s ann chun na craoibhe seo a dheigheadh e mar bu trice. Bhithte a' gearradh air ais an t-seachdamh chuid den fhiodha airson cleachdadh a-rithist mar chonnadh, structar thaighean, ann am sparran tughaidh, feansaichean agus mar phoilean-taice dha lusan. Tha a' soirbheachadh fhathast le gnìomhachas beag de challtainn preasarlach gus an là an-diugh.

Anns an Dàmhair tha cnòthan abaich ri lorg am broinn duilleagan sònraichte ris an canar 'tracts'

Aig deireadh a' gheamhraidh tha na flùraichean fireannta a' dol nan cluigein ann an cumadh 'earbaill uan'

Rùsg dealrach, mìn air a bheil 'lentices' faicsinneach buidhe agus tuthagan lannach.

Tha duilleagan a' challtainn nan suidhe mu sheach air an dà thaobh dhen gheug, agus iad a' fosgladh aig deireadh a' Ghiblein an dèidh don chluigein sìol na craoibhe sgapadh tro choilltean gun duilleagan.

Chan ann tric a gheibh i air fàs gu nàdarra mar chraobh, tha soirbheachadh leatha ge-tà an cruth pris, ach fàsaidh i gu 7m mura tèid a gearradh.





**Raon nàdarra:** An Roinn Eòrpa suas gu 68°N, ach a-mhàin Sealltainn agus, Àisia Minor

## Teile

### *Tilia cordata*

**Thathas air a' chrann-teile - aig nach eil buntanas sam bith don mheas 'lime' – a chleachdadh 'son fasgadh is sgàile air talamh ìosal. Bhithte cuideachd ga fàs air oir shràidean bhailtean mar chraobh naoimh a chumadh droch spioradan air falbh.**

Tha fiodha liath-bhàn na craoibhe le inneach gu math mìn nach eil idir furasta a sgàineadh, agus seo ga dhèanamh air leth freagarrach son tuairnearachd is snaidheadh, mar a chìthear an obair Grinling Gibbons.



Leis is nach eil meuran a' tighinn air, tha fiodha na teile ga chleachdach an iuchraichean is clàran phiànathan.

Tha meas na craoibhe seo eadar-dhealaichte ri craobhan-teile seach is nach eil e molach no druimneach.

Rùsg liath, mìn a tha sgoltadh leis an aois.

Tha fàileadh cubhraidh, milis nan duilleagan a' tarraing sheillean, bhiastagan is eun a leithid an snagan-daraich.

Tha na duilleagan beaga nan suidhe air geugan a tha a' cromadh chun na talmhainn leis a' chraobh a' fàs gu 35 m.





**Raon nàdarra:** Ceann a Tuath na Spàinne gu na Caucasus agus Siberia

## Darach

### *Quercus robur*

**Agus e coisrigte aig na draoidhean, tha an darach bho riamh air a bhith cudromach.**

Thathas bho chionn fhada air fiodha cruaidh, seasmhach na craoibhe seo a chuir ann am bàtaichean agus frèamaichean fiodha thogalaichean.



Bhithte uaireigin a' cleachdach rùsg an daraich ann an cartadh leathair. Bhiodh agus tha fhathast a' cleachdach min-sàibh na craoibhe an smocadh biadh. Thathas a-nise a' cleachdach fiodh an dàraich an àirneis, togsaidean agus thathas a' fàs chraobhan daraich airson adhbharan glèidhteachais. Ann an sgìrean a' chinn an iar, 's e an darach Gàidhealach an gnè as cumanta.

Chan fhaighear cnòthan-daraich mar as trice air an darach gus a bheil e còrr is 50 bliadhna a dh'aois.

Tha na cnòthan ri lorg air ceann ghasan fada.

Tha sgoltaidhean a' tighinn air an rùsg agus a' chraobh a' fàs nas sine.

Tha na flùraichean boireannta aig ceann ghasan, rud a lorgas air an darach Shasannach seach an darach Gàidhealach (*Querces petraea*); agus dlùth chàirdeas eatorra.

Craobh sgaoilte leathann a tha a' fàs gu 30m de dh'àirde ann am Breatainn.





**Raon nàdarra**: An Roinn Eòrpa is taobh siar Àisia

## Caorann

### *Sorbus aucuparia*

**Lorgas an caorann nas fhaide shuas bheanntan na craobh ghnèitheach sam bith eile.**

Dheigheadh an caorann tric a chuir timcheall thaighean agus ann an cilltean gus bana-bhuidsichean a chumail air falbh. Dheigheadh am fiodha sùbailte a chleachdach an cas innealan agus uaireannan ann am boghachan. Tha na dearcan dearga làn de bhiotamain C agus bhithte a' dèanamh deoch leotha mar leigheas air an tachas-tioram. Thathas gan cleachdach fhathast ann an slaman-milis airson ithe le feòil.



Duilleag choimeasgte pinnate air a bheil 11-15 duilleagan beaga de dh'fhiaclan a tha a' dol ruadh as t-fhoghar.

Flùraichean beaga, bàna air a bheil boltrach làidir

Rùsg mìn purpaidh no liath-dhonn

Tha na dearcan a' dol dearg agus iad ag abachadh agus a' cumail biadh do dh' eòin as t-fhoghar

Craobh chaol, ghrinn suas gu 10 m





**Raon nadàrra:** Ceann a tuath Roinn Eòrpa

## Craobh-shice

### *Acer pseudoplatanus*

**Thugadh às a' Fhràing i sna meadhan aoisean, tha a' chraobh seo a' sìoladh pailteas de shìol. Bhithte tric ga fàs a-chum fasgadh is sgàile a chumail ri taighean-tuathanais, agus i seasmhach an-aghaidh gaoithe sàillte.**

Tha am fiodha liath-bhàn mar as trice gun ghràinne fhollaiseach sam bith air.



Leis is nach dèan e smàl no milleadh air biadh agus e rèidh eadhon an dèidh sgùradh bha e gu mòr air a chleachdach air clàran is uidheamachd cidsin. Cha dèan e smàl nas motha air aodach agus uime seo dheigheadh a chleachdach an rolairean aodach-fhighte. Tha iarrtas mòr ann fhathast air fiodha craoibh-sice, agus luach mòr ga chur air ann an dèanamh fhidheallan agus snas-chraiceann fiodha.

Tha an sìol sgiathach, nam pàidhrichean, mar as trice a' tuiteam còmhla agus iad a' cur car mar lannan air heileacoptair

Tha pleitichean còmhnard, gàrbh a' fàs air a' rùsg mhìn liath agus e a' tuiteam dheth, le rùsg ùr ruadh-dhonn a' tighinn na àite.

Lorgas gu tric spotan-teàrra air am fàgail air na duilleagan; 's e am fungas Rhytisma acerinum as coireach.

Craobh mhòr leathann air a bheil duilleach gu math tiugh agus a tha a' fàs gu 25 m





**Raon nàdarra:** Meadhan agus Ceann a Deas na h-Eòrpa, cho fada tuath ri Paris

# Bho shìol gu fiodha

**Cuir, fàs, leig; cuir, fàs, leig: is e seo an seòrsa cuairt-beatha a chumas coilltean an staid fhallain, sheasmhach gu siorraidh, le stòras fiodha ri fhaighinn, àrainn air leth dha fiadh-bheatha is àite taitneach dha dhaoine.**

Tha a' choille na dachaigh do dh'iomadach seòrsa lusan, eun, mhamalan, muir-thìreach is bhiastagan. Thathas a' cur chraobhan ùra agus aig a' cheart àm a' leigeil feadhainn eile, a' cruthachadh pàtran breac de choilltean le craobhan aig diofar ìrean fàis. Tha na beathaichean is lusan a lorgas aig àm no an àite sònraichte a rèir dè an ìre aig a bheil 'cuairt-beatha' coille.

## Deisealachadh

Ann an cuid de dh'àitean, feumas am fearann a dheisealachadh mas tèid na craobhan a chur. Tha seo mar tionndadh talamh gàrraidh, ach le crann an àite spaide.

## Planntachaidhean ùra

Tha fearann mòr fosgailte is planntachaidhean ùra a' cumail seasgair ri biastagan, snàgairean agus ri eòin le neadan air an talamh. Tha iad seo a' beathachadh eun is ainmhidhean mòra a leithid a' chomhachag chluasach, clamhan-ruadh is an sionnach.







## Leigeil

Tha craobhan gan leigeil agus iad air àrd ìre a ruighinn. Dh'fhaodadh seo a bhith bho 40-150 bliadhna a rèir dè seòrsa craoibh a th' innte. Aon uair is gu bheil na craobhan air an leigeil, thathas gan toirt gu taobh rathaid na coille, le carbad an uairsin gan toirt gu muileann far an tèid diofar seòrsa bathar a dhèanamh leotha.

## Cur

Thathas an ìre mhath daonnan a' cur nan craobhan le làimh. Tha diofar nithean a' bualadh air dè seòrsa chraobhan a thathas a' cur agus ciamar a thathas gan cur; nithean a leithid ùir, aimsir agus an làrach. Tha na craobhan gan cur glè fhaisg air a chèile ach an cùm iad fasgadh dha chèile bhon ghaoith; a' toirt dhaibh cothrom fàs àrd.

## Coille abaich

Leis na craobhan a' fàs, tha gàgan, tuill is geugan a' tighinn orra a' cumail dhachaighean do bheathaichean. Tha seann chraobhan is fiodh marbh gam fàgail airson bheathaichean is eun mòra mar àite far am faigh iad biadh is seasgair.







## Planntachaidhean tana

Tha measgachadh de sholas is sgàileadh a' toirt cothrom dha feur, còinneach, fungas is sìtheanan fiadhaich fàs sna coilltean, le seo a' tàladh dhealan-dè is leòmann.

## Tanachadh

Thathas a' cur barrachd chraobhan na dh'fheumas. Rè ùine tha na craobhan bochda gan leigeil; a' toirt cothrom nas fheàrr don fheadhainn eile.

## Am badan seasgair

Tha badain phreasach, tiugha le adhar blàth nam broinn le fasgadh bhon fhuachd is bhon uisge. Tha na h-àitean sèimh seo tarraingeach do dh'eòin is do bheathaichean beaga mar an dreathan donn, an ceileiriche is an dallag-feòir. Tha fèidh cuideachd ri lorg ann an seasgair is uaigneas nan craobhan seo.




# Giuthas Chorsica

## *Pinus nigra ssp. laricio*

**Tha an gnè seo de ghiuthas dubh a' fàs gu luath le corp gu math dìreach oirre air a bheil beagan gheugan.**

Le buntanas do dh'eilean Chorsica a-mhàin, chan eil a' soirbheachadh leatha mar chraobh fiodha ach air ceann a deas is taobh sear Bhreatainn far am faighear ìre ìosal de dh'uisge as t-samhradh is barrachd grèine.



Thugadh giuthas Chorsica a-steach an 1759 agus bhithte a' cleachdach an fhiodha airson trasnan rathaidean-iarainn agus an tuill-ghuail. Ged nach eil i buileach seasmhach gu nàdarra, agus an giuthas Albannach cus nas fheàrr, gabhaidh i glè mhath ri cungaidh-gleidhidh, agus thathas ga cleachdach an obair-thogail san fharsaingeachd, cabaran-teileagraif, agus gabhaidh fiodh-fillte ('plywood') a dhèanamh às.

Tha an rùsg sgoltach, dubh-liath/dhonn a' falbh bhon chraoibh

Tha dealgain na craoibhe fada agus a' fàs ann am paidhrichean. Tha toinneamh sònraichte annta. Tha i na craoibh chaoil, bhideanaich, a' fàs gu 27m, air a bheil geugan còmhnard.



Cònaichean mòra, deàlrach a tha daonnan aon-taobhach no staon



**Raon nàdarra:** Corsica

# Giuthas Albannach

## *Pinus sylvestris*

**Craobh a bhuineadh do choilltean giùthsach na h-Alba a bha uaireigin a' fàs air mòran dhen dùthaich, 's i an aon chraobh-durcain ghnèitheach a thathas a' fàs agus a' leigeil airson fiodha.**

Tha comas don chraoibh seo gintinn is soirbheachadh an ùir bhochd. Tha coilltean tùsail ri lorg ann an Alba cho math ri planntachaidhean dhiubh fad is farsaing air feadh na dùthcha. Tha fiodha na craoibhe seo, ris an canar 'red deal' làidir is furasta obrachadh leis. Chan eil e seasmhach na ghnè, ach gabhaidh e ri cungaidh-glèidhidh.



Bhithte uaireigin ga chleachdadh air cruinn longan, agus airson dèanamh tairbheirt, ròiseid, teàrr no gual-fhiodha leis. Thathas an-diugh ga chleachdach an obair-thogail, tuill-ghuail, àirneis, fiodh-slìse, bucais, feansaichean, pòilichean-teileagraif agus an glaodhan-pàipeir.

Rùsg aig a' mhullaich, dearg-bhuidhe; rùsg a' bhuinn gu math sgoltach.

Tha paidhirichean dealganan, gorm-uaine, toinnte oirre (4-7 cm de dh'fhaide)

Tha e dualtach don chraoibh na geugan as ìsle a chall agus i a' fàs gu 36 m de dh'airde



Cònaichean biorach a' crochadh air na geugan air a bheil lannan fiodha.



**Raon nàdarra:** Ceann a Tuath na h-Eòrpa is Àisia, an Spàinn agus Àisia Minor

# Giuthas Lodgepole

## *Pinus contorta var. latifolia*

**Giuthas dhen ghnè chraobh giuthas cladach Ameireagaidh, ach fear a lorgas a-staigh san tìr. Dheigheadh gas na craoibhe a chuir gu feum leis na h-Innseanaich Ameireaganach agus iad gan cleachdach mar phòile-taice ann am meadhan nam peilligean is loidsichean aca.**

Chaidh a thoirt a Bhreatainn an 1855, agus e a' soirbheachadh eadhon an ùir bhochd agus seo ga fhàgail air leth freagarrach airson fàs an ceann a tuath Bhreatainn. Tha am fiodha ga chleachdach ann am mullach thaighean, ùrlaran agus obair saorsainneachd eile. Thathas cuideachd ga chleachdach ann an fiodh-slìse agus an glaodhadh-pàipeir.



Rùsg eadar-dhealaichte ach air a bheil dath ruadh-dhonn is bleideagan mìne, bachlagach mar as trice.

Dealgan toinnte, buidhe-uaine ann am paidhrichean (5-8 cm de dh'fhaide)

Tha a' chraobh a' call nam geugan as ìsle agus i a' fàs gu 24 m.





**Raon nàdarra:** Taobh Siar Ameireagaidh a Tuath: Alasga gu Washington

Cònaichean donna air a bheil cumadh uighe, a tha a' fàs ann am bagaidean de dhà no ceithir dhiubh a tha a' coimhead air ais sìos nan geugan, le dealgan beag, biorach air gach lann.

# Giuthas Lochlannach

## *Picea abies*

**Craobh Nollaig a lorgas an taighean mòran againn san Dùbhlachd.**

Gnè a bhuineas don Roinn Eòrpa, ach gun bhuntanas do Bhreatainn. Chaidh a chuir fad is farsaing tràth san 20mh linn, ach chuireadh an Giuthas Sitka na àite, leis is gum faighear toradh as motha bhuaithe. Tha fiodha làidir, sùbailte ann, ris an canar 'white deal'; a thathas a' cleachdach am broinn togalaichean, ann am bucais is pàipear.



Tha am fiodha math air fuaim a sgaoileadh agus e mar seo gu mòr air a chleachdach san fhidhill; canar cuideachd 'fiodha na fidhle' ('violin wood') ris. Bhithte uaireigin dèanamh tairbheirt is teàrr le ròiseid na craoibhe, agus a' grùdaireachd leann giuthais leis na geugan.

Rùsg mìn, liath-dhonn air a bheil tuar ruadh.

Dealgan uaine, biorach a' seasamh air cnaganan beaga bìodach.

Craobh air a bheil cumadh bideanach a tha a' fàs gu 40 m.



Cònaichean fada, pìobanach air bhodagan



**Raon nàdarra: Meadhan agus Ceann a Tuath na h-Eòrpa**

# Giuthas Sitka

## *Pica sitchensis*

**Ainmichte air Sitka an ceann a deas Siberia, tha an Giuthas Sitka gu math cudromach an gnìomhachas fiodha Bhreatainn.**

Leis is gu bheil a' soirbheachadh leis ann an diofar seòrsa àrainnean agus gu bheil e gu math toradh, gu h-àraidh an sgìrean fliucha an iar, 's i a' chraobh as motha a lorgas ann am planntachaidhean air fearann àrd. Le fiodh a tha a' freagairt air diofar chleachdaidhean, tha luach mòr air na craobhan beaga airson dèanamh pàipear ri linn meud theudagan an fhiodha. Thathas cuideachd ga chleachdach an cruthachadh diofar seòrsa bhòrd-fiodha.



Tha stuth nan sailean-sàbhaidh a' dol ann am pillean is cèisean-pacaidh leis an stuth as fheàrr ga chleachdach an obair-thogail.

Tha rùsg liath-dhonn na craoibhe a' falbh ann am bleideagan cruinn agus i air aois a ruighinn.

Tha na dealgan còmhnard, biorach, air a bheil dath liath-gorm nan suidhe air cnaganan.

Tha iad a' fàs gu 55m le geugan cliobach a' fàs oirre.



Tha dath bàn, donn air na cònaichean; le craiceann de lannan tana, pàipearach is oirean preasach.



**Raon nàdarra:** Costa an Iar Ameireagaidh a Tuath: Alasga gu California

# bhon chraoibh → gu fiodh → gu bathar

**Chan eil an dùthaich seo a' fàs ach 15% den fhiodh a thathas a' cleachdach rè bliadhna. 'S iad craobhan-durcain (a tha a' fàs gu luath) as motha air a bheil feum airson 85% dhen fhiodh a tha dhìth oirnn. Tha fiodh chraobhan mòr-dhuilleagach fhathast ga chleachdach ann an nithean spaideil mar àirneis. Tha daoine bho chionn ghoirid air a dhol air ais gu na seann dòighean airson làimhseachadh chraobhan mòr-dhuilleagach; gual-fhiodha is figheadh bhasgaidean.**





## Tanachadh, mullach chraobhan is craobhan beaga

Ath-chuairtichte

### Pàipear is bòrd-cairt

Air an cruthachadh le pronnadh an fhiodha gus am faighear gu ìre nan teudagan fa leth agus 'glaodhan'. Thathas an uair sin a' measgachadh a' ghlaodhain le bùrn agus ga shìneadh a-mach mas tèid a roladh, a theannachadh is a thiormachadh.

Pàipearan-naidheachd, leabhraichean; stuth-pacaidh; stampaichean is bileagan; uidheam-sgrìobhaidh; còmhdach-shiùcaran; pàipear-cidsin/toidhleit; pàipear-balla

### Fiodh-slise

Ga chruthachadh le slisean beaga fiodha air tàthadh le ròiseid. Tha siota dheth ga dhèanamh an dèidh roladh is teannachadh. Thèid a chleachdadh air ùrlaran, an mullach thaighean, cailbhean no mar fiodh-lannaichte le còmhdach ('veneer') ga chur air.

### Fiodh snàithleach (MDF)

'S urrainnear seo a chruthachadh le cha mhòr a h-uile seòrsa fiodha. Thathas a' pronnadh an fhiodha gus am faighear gu ìre nan teudagan fa leth agus an uairsin ga thàthadh le teannachadh le ròiseid. Tha e na stuth sùbailte, agus e furasta obrachadh leis.

### Fiodh-dualach (OSB)

Siota air a chruthachadh le brùthadh bhleideagan mòra fiodha is an tàthadh le ròiseid is glaodh. Tha an stuth seo dìonach bho thaise agus e nas saoire na fiodha-fillte ('plywood') bho thall thairis. Thathas ga chleachdach air ùrlaran.

Ath-chuairtichte

Bùird; stuth-thogail; ùrlaran; àirneis; còmhdach-blàthachaidh; clàran-cidsin

## Logaichean-sàbhaidh is cuirp chraobhan

Ath-chuairtichte

### Sailean mòra

Ga chleachdach an obair-thogail shònraichte far a bheileas a' togail thaighean, oifisean, thogalaichean le sailean is saidhean mòra.

### Plangannan is clàran

Air an gearradh às a' chraoibh; an dòigh as sìmplidh air fiodha a chur an cruth bathair

Obair-thogail; feansaichean; ùrlaran; àirneis; cèisean pasgaidh; pillean

## Rùsg chraobhan is pàirtean eile

Slisean an rùisg, slatan robach, sailean beaga is fiodh preasarlach

Raointean-cluiche; todhar-gàraidh; fiodh-connaidh; gual-fhiodha; basgaidean

# Learag Tar-ghnèitheach

## *Larix x eurolepis* Henry

**Chruthachadh a' chraobh seo an dèidh tàr-thorrachadh den learaig Iapanaich is an tè Eòrpaich air oighreachd Diùc Athall aig toiseach na 20mh linn.**

Thathas an-diugh a' faighinn cuid as motha den t-sìol ann an ubhal-ghoirt le craobhan de gach gnè gan cur ann an sreathan mu sheach. Tha an sìolradh smiorail a' fàs cus nas luaithe na dh'fhàsas na craobhan bhon tàinig e agus e cuideachd nas seasmhach an aghaidh droch thìde.



Tha na dathan eadar-dhealaichte a lorgas air bàrr na craoibhe as t-earrach, as t-fhoghar agus anns a' gheamhradh diofraichte ri craobhan-durcain eile, agus uime sin thathas gu mòr ga cleachdach an dealbhachadh fearann-coillteach ùr. Tha fiodha cruaidh, seasmhach na craoibhe ga chleachdach an feansaichean, rèilichean is geataichean.

Tha rùsg liath-dhonn na craoibhe seo le gàgan air ann am pàtran òrdail.

Cònaichean pìobanach air a bheil lannan cruinn le cuid as motha aca a' stobadh a-mach.

Tha na deangain seargach a' fàs an cnotan air gasan goirid





**Raon nàdarra a' ghnè thùsail: Meadhan na h-Eòrpa agus Iapan**

Faodaidh suas gu 30 m de dh'àirde a bhith anns na craobhan seo.

# Giuthas Dhùghlais

## *Pseudotsuga menziesii*

**Ainmeachadh a' chraobh seo air fear Dàibhidh Dùghlas a chuir a sìol a Bhreatainn an toiseach an 1827. Tha ainm na craoibhe an luibh-eòlais a' comharrachadh fear Gilleasbaig Mèinnearach a lorg a chraobh ann an 1791.**

Craobh a thathas gu mòr a' cleachdach an Ameireagaidh a Tuath airson a fiodha. Thathas ga thoirt a-steach a Bhreatainn agus ga reic fon ainm 'Oregon Pine' agus ga chleachdach an togalaichean agus ann an cruthachadh sàr fhiodha-fillte ('plywood'), mar còmhdach uachdair, an àirneis is air pannalan.



Dheigheadh Giuthas Dhùghlais fàs an toiseach airson adhbharan òrnaideach, ach tha a-nis luach mòr ga chur air an fhiodha aig muilnean-sàbhaidh agus mar ghlaodhadh-pàipeir.

Rùsg na craoibhe a' fàs ruadh-dhonn, sgoltadh le coltas àirce air

Deangan boga le dà bhann liath air an ìochdar ach gun chnagan.

Cònaichean air chumadh uighe a' crochadh sìos le 'bract' trì-phuingeach air gach lann





**Raon nàdarra:** Taobh Siar Ameireagaidh a Tuath bho Cholumbia Breatannach gu California

Gu math àrd, suas gu 60m ann am Breatainn.

# Giuthas Uasal

## *Abies procera*

**Thugadh an giuthas seo a-steach a Bhreatainn an 1830, agus buinidh i do choilltean Washington is Oregon far a bheil e a' fàs gu àirde glè mhòr.**

Air a mheas mar chraobh airson maiseachadh-tìre ri linn a dhuillich annasaich liath-ghuirm agus na ghnàth a bhith a' fàs gu cunbhalach, thathas gu tric ga chur ann am blàth-fhleasgan sa Roinn Eòrpa.



'S i a' chraobh as motha a tha muinntir an Danmhairg a chleachdach mar chraobhan-nollaige. Chan eil ach glè bheag dhiubh gan cur ann am Breatainn, agus iad sin an sgìrean fliucha an taobh siar. Tha am fiodha teann, cruaidh agus ga chleachdadh an obair-saorsainneachd am broinn togalaichean.

Rùsg mìn, liath-bhàn no purpaidh.

Conaichean mòra a' seasamh an-àirde air a bheil lannan iteagach a' dol a-bhàn.

Dealgan liath-ghorm, fada (25mm) air sguabadh an-àirde gu dìreach bhon mheanglan.

Craobh giuthais àrd, eireachdail a tha a' fàs suas gu 45 m





**Raon nàdarra:** Taobh Siar Ameireagaidh a Tuath

# Iteodha an Iar

## *Tsuga heterophylla*

**Craobh ghrinn a tha uaireannan suas gu 500 bliadhna dh'aois air taobh siar Ameireaga; an t-àite dha bhuin i.**

Chaidh a toirt a-steach a Bhreatainn san 19mh linn airson maiseachadh-tìre. Chan eil ach glè bheag dhiubh gan fàs airson adhbharan coimearsalta. Leis is gun soirbheachadh leatha an sgàile chraobhan eile, bhithte ga cur an seann choilltean mòr-dhuilleagach, ach chan eil buileach cho tric a-nise leis is gu bheil i cho buailteach fulang le 'butt rot'.



Tha fiodha na craoibhe freagairt air tarragan a chumail gu teann agus thathas gu mòr ga chleachdach an togail thogalaichean, ann am bucais agus glaodhadh pàipeir. Bhiodh na h-Innseanaich Ameireaga a' cur an 'rùisg a-staigh' gu feum ann an dèanamh aran.

Tha claisean domhainn a' tighinn air an rùsg agus e a' dol druimneach, lannach.

Mòran chònaichean beaga le cumadh uighe oirre.

Faomadh aig a mhullach, mar as dual dhì, le bachlagan oirre a' cromadh a-bhàn.



Dealgan de mheudan diofraichte, uaine shuas is geal shìos.



**Natural range:** Taobh Siar Ameireagaidh a Tuath: Alasga gu California

# Iubhar

## *Taxus baccata*

**Tè dhe na craobhan as sine an ceann a tuath na Roinn Eòrpa, tha an t-iubhar am measg trì craobhan a bhuineas do Bhreatainn ('s iad an giuthas Albannach agus an t-aiteann an fheadhainn eile). Tha measan sùghmhor a' fàs orra seach cònaichean.**

Nuair a dh'itheas eòin measan na craoibh seo, tha sìol puinnseanta nam measan a' dol tromhpa slàn.



Ged is i craobh 'fiodh-bog' a th' ann, 's ann gu math slaodach tha i a' fàs; a' toirt neart don chraoibh. Bhithte uaireigin a' dèanamh bhoghachan às na geugan fada subailte. Thathas a-nis ga chleachdach an còmhdaichean air uachdar àirneis. Tha iubhar gu math cumanta an gàraidhean daoine oir faodas ga gearradh agus ga cur an diofar chumaidhean gun chron ga dhèanamh oirre. Lorgas craobhan mòra, aosmhor ann an seann chilltean, le cuid aca air am meas mìltean de bhliadhnachan a dh'aois.

Tha sìol na craoibhe, agus a h-uile pàirt eile dhith (seach cochall nan sìol) puinnseanta do dhaoine, do chrodh, ach cha dèan e càil air fèidh is rabaidean.

Tha sìtheanan boireannta is fireannta a' fàs air craobhan diofraichte; rud tùsach a gheibhear air craobhan-durcain.

Tha rùsg tana le lannan air a' chraoibh air a bheil dath liath-dhonn, le claisean domhainn a' tighinn air mas fhalbh an rùsg ann am bleideagan fada.

Mar as trice, tha e na chraoibh chruinn, tiugh sa bheil suas gu 15m de dh'àirde.





**Raon nàdarra:** An Roinn Eòrpa, Na Beanntan Atlas, Àisia Minor chun na Peirse